



CyberScotland

Mothachach sìobair

Ionad Sìobar-tèarainteachd
Nàiseanta



supported by
National Cyber
Security Centre

Mothachadh sìobair

Tha an iùil na luib stèidhichte air fiosrachadh a gheibhear aig an Ionad Sìobar-tèarainteachd Nàiseanta.

6 dòighean leasachadh ur tèarainteachd air-loidhne

Ri linn a' choròna-bhìorais, tha daoine a' caitheamh barrachd ùine air-loidhne a' bhliadhna seo.

Bheir seo barrachd chothroman do hacairean ionnsaighean sìobair a chur an sàs. Tric nì iad seo le bhith a' targaid dhaoine is gnothachasan a' cleachdadh:

- 🔒 Meallaidhean air-loidhne is làraich-fìn.
- 🔒 Bathar droch-rùnach - bathar-bog as urrainn d'inneal a mhilleadh neo hacair a leigeil ann.

Ma gheibh hacairean dha na h-innealan neo cunntasan agaibh, b' urrainn iad grèim fhaighinn air d'airgead, fiosrachadh pearsanta, neo fiosrachadh gnothachais.

'S urrainn dhuibh tèarainteachd shìobair a leasachadh tro sia gnìomhan:

Gnìomh 1 - Cleachd faclan-faire làidir is fa leth son ur post-d.

Gnìomh 2 - Cruthaich faclan-faire làidir à trì faclan tuaireamach.

Gnìomh 3 - Sàbhail ur faclan-faire gu ur brobhsair.

Gnìomh 4 - Tionndaidh air dearbhadh dà-cheumnach (2FA)



Gnìomh 5 - Ùraich ur n-innealan.

Gnìomh 6 - Dèan lethbhreac den fhiosrachadh agaibh.



GNÌOMH 1 – Cleachd facal-faire làidir is fa leth son ur post-d

Ma gheibh hacair don phost-d agaibh, b' urrainn iad:

-  Faclan-faire ur cunntasan eile atharrachadh.
-  Fiosrachadh fhaighinn a shàbhail sibh mu sibh p-fhèin neo ur gnothachas.

Bu chòir facal-faire ur post-d a bhith làidir is eadar-dhealaichte bho ur faclan-faire eile. Nì seo e nas doirbhe tomhas dè a th' ann.

'S e a bhith a' cleachdadh trì faclan tuaireamach dòigh mhath cruthachadh facal-faire làidir sònraichte air am bi cuimhne agaibh.






Bu chòir cuideachd ur cunntasan cudromach eile a dhìon, leithid bancadh neo meadhanan-sòisealta.

An robh fios agaibh?

Ma gheibh hacair don phost-d agaibh, b' urrainn iad faclan-faire ur cunntasan eile atharrachadh a' cleachdadh na roghainn 'forgot password'.

Ag atharrachadh facail-faire ur post-d

Ag atharrachadh ur facal-faire ann an:

-  Gmail.
-  Yahoo!.
-  Outlook.
-  BT.
-  AOL Mail.

Mur a h-eil ur post-d san liosta seo, bu chòir comhairle a shireadh air-loidhne bho ur solaraiche air mar a dh'atharraicheas sibh ur facal-faire puist-d.

Comhairle fhacail-faire son luchd-malairt aonair agus gnothachasan beaga

Ma tha gnothachas agaibh, b' urrainn fiosrachadh dìomhair a bhith 's na cunntasan agaibh mu ur luchd-cleachdaidh, gnothachas, neo ionmhas.

Mur a h-eil ur cunntasan tèarainte, b' urrainn ur gnothachas a bhith fo chunnart tubaist shìobair. Dh'fhaodadh seo ur

gnothachas a chur an cunnart laghail neo ionmhasail, agus an cunnart briseadh Riaghladh Coitcheann an Dìon Dàta (GDPR)

Ma tha luchd-obrach aig ur gnothachas, bu chòir dèanamh cinnteach nach glèidh iad am faclan-faire ri taobh an innealan, agus gu bheil innealan glaiste neo dheth nuair nach eile iad air an cleachdadh.

Son tuilleadh fiosrachaidh, faic ar lùl Ghnothachasan Beaga.

GNÌOMH 2 Cruthaich faclan-faire làidir à trì faclan tuaireamach

Nuair a chleachdas sibh faclan-faire eadar-dhealaichte son ur cunntasan cudromach, 's urrainn e a bhith doirbh an cuimhneachadh uile.







'S urrainnibh faclan-faire a chruthachadh a tha làidir is furasta cuimhneachadh le trì faclan tuaireamach.

Na cleachd faclan 's urrainn tomhas (mar ainm ur peata). 'S urrainnibh àireamhan is ìomhaighean a chleachdadh ma dh'fheumas. Mar eisimplir: "RedPantsTree4!"

Cumaidh sibh rian air ur faclan-faire le bhith nan sàbhaladh don bhrobhsair.

Feuch ur eòlas facal-faire làidir a chruthachadh

Ceist: Dè am facal-faire gu h-ìosal nach eil a nochdadh sa 100,000 facal-faire as laige?

-  arsenal22
-  1v&upjw3nt
-  p@55w0rd
-  RedPantsTree
-  Victoria!
-  2011977

Freagairt A' cruthachadh facail-faire làidir

'S e an fhreagairt RedPantsTree.

Sgaoilidh hacairean liostan air-loidhne le milleanan de dh'fhaclan-faire lag.

'S e 3 faclan tuaireamach dòigh nas fhasa faclan-faire ùra a chruthachadh a tha nas coltaiche a bhith sònraichte ribh fhèin agus nas eucoltaiche a bhith air an tomhas.

GNÌOMH 3 A' sàbhaladh faclan-faire n-ur brobhsair

Le bhith a' sàbhaladh ur faclan-faire n-ur brobhsair (leithid Chrome, Safari neo Edge) tha sibh a' leigeil leis a bhith a' cuimhneachadh ur faclan-faire dhuibh.

Cuidichidh seo le bhith:

- 🔒 A' dèanamh cinnteach nach caill neo dìochuimhnich sibh ur faclan-faire.
- 🔒 Ur dìon an aghaidh cuid a dh'eucoir shìobair, leithid làraichean-lìn fuadain.

Tha e nas sàbhailte na bhith a' cleachdadh faclan-faire lag neo an aon fhacal-faire ann am barrachd na aon àite. Dèan cinnteach ur faclan-faire glèidhte a dhìon gun fhios nach tèid ur n-inneal a chall neo a ghoid.

Mar a dhìonas sibh ur faclan-faire glèidhte

B' urrainn neach a gheibh a-steach don inneal agaibh ur faclan-faire glèidhte a chleachdadh son faighinn a-steach do na cunntasan agaibh.

Tha an seòrsa seo de dh'eucoir shìobair tòrr nas eucumanta na ionnsaighean thairis an eadar-lìon, far an tèid faclan-faire a bhriseadh le bathar-bog.

Gus ur dìon fhèin, bu chòir dhuibh:

- 🔒 Tionndadh dheth neo glasadh ur n-inneal nuair nach eil sibh na chleachdadh.
- 🔒 Cleachd faclan-faire làidir gus ur n-inneal a dhìon.
- 🔒 Cur dearbhadh dà-cheumnach air a h-uile inneal is cunntas agaibh.
- 🔒 Cur beò-meatrachadh (Aithne Aodainn neo Meur-luirg) air ur n-inneal ma tha sin comasach.

Bu chòir cuideachd ur dàta a ghhlèideadh gu tric. Cuidichidh seo le a bhith a' tilleadh ur fiosrachadh cudromach ma thèid an t-inneal agaibh a chall neo a ghoid.

Mar a shàbhalas sibh ur faclan-faire don bhrobhsair

Faic mar a shàbhalas sibh ur faclan-faire ann an:

- 🔒 Google Chrome.
- 🔒 Microsoft Edge.
- 🔒 Firefox.

 Safari.

An robh fios agaibh?

Ruigidh sibh ur faclan-faire glèidhte bho inneal sam bith ma tha sibh clàraichte a-steach don aon bhrobhsair.

Faigh ìre a bharrachd de dhìon

Nuair a tha sibh air faclan-faire làidir, sònraichte (Gnìomhan 1 gu 3) ullachadh son a h-uile gun de ur n-innealan is seirbheisean, tha rudan eile ann 's urrainn dhuibh dèanamh gus lùghdachadh ur cunnart bho hacadh (Gnìomhan 4 gu 6).

GNÌOMH 4 Tionndaidh air dearbhadh dà-cheumnach (2FA)

Cuidichidh dearbhadh dà-cheumnach (2FA) stad a chur air hacairean faighinn a-steach do na cunntasan agaibh, fiù 's ma gheibh iad ur facal-faire.





Son cuid a bhacadh air-loidhne tha 2FA mar phàirt den fhèin-obrachadh aca co-dhiù. Chìthear seo nuair a dh'fhaighnicheas iad son barrachd fiosrachaidh gus ur aithne a dhearbhadh, leithid còd a thèid don fòn agaibh.

Mar a thionndaidheas sibh air dearbhadh dà-cheumnach (2FA)





Mar as trice feumaidh sibh fhèin 2FA a chur air ur cunntasan. Chan eil a h-uile cunntas a' tabhann 2FA. Cleachdaidh bancadh air-loidhne 2FA gu fèin-obrachail.

Canar dearbhadh dà-cheumnach neo dearbhadh iomadh-ceumnach ri 2FA.

Tionndaidh 2FA air son puist-d:

-  Gmail.
-  Yahoo.
-  Outlook.
-  AOL.

Tionndaidh 2FA air son meadhanan-sòisealta

-  Instagram.
-  Facebook.
-  Twitter.
-  LinkedIn.

GNÌOMH 5: Ùraich ur n-innealan

Tha laigsinnean an luib sean bhathair-bhog, aplacaidean is siostaman obrach. Nì seo iad nas fhasa hacadh.







Càiridh còmpanaidhean na laigsinnean le foillseachadh ùrachaidhean. Nuair a dh'ùraicheas sibh innealan is bathar-bog, cuidichidh seo hacairean a chumail às.

Tionndaidh air ùrachaidhean fèin-obrachail son ur n-innealan is bathar-bog a bhios na thabhann. Leis an seo chan fheum sibh cuimhneachadh gach àm.

Feumaidh sibh fhèin cuid a dh'innealan is bathar-bog ùrachadh. 'S mathaid gum faigh sibh cuimhneachain air ur fòn neo coimpiutair. Na leig iad seo seachad. Cuidichidh ùrachadh ur cumail sàbhailte air-loidhne.




Mar a thionndaidheas sibh air ùrachaidhean fèin-obrachail

Faic mar a thionndaidheas sibh air ùrachaidhean fèin-obrachail son:

-  Apple - Mac
-  Apple - iPhone agus iPad
-  Microsoft Windows 10. - Coimhead ri Windows 10 son ùrachaidh
-  Windows 7 - chan fhaigh e taic tuilleadh. Ùraich gu Windows 10
-  Android fònaichean-tapaidh is tablaidean
-  Android aplacaidean

Feuch ur eòlas: Ciamar a chàireas còmpanaidhean laigsinnean sa bathar-bog aca?

Ceist: Ciamar a bhios còmpanaidhean a' càireadh laigsinnean ann am bathar-bog?

-  Bandage
-  Patch
-  Repair

Freagairt: Nuair a lorgas còmpanaidh laigsinnean ann am bathar-bog foillsichidh iad 'patch' gus a chàireadh. Cuidichidh seo ur fiosrachadh a chumail tèarainte.

GNÌOMH 6 – Glèidh ur fiosrachadh

Tha glèidheadh a’ ciallachadh lethbhreac a dhèanamh de ur fiosrachadh is a shàbhaladh air inneal eile neo stòras air-loidhne.

Le bhith a’ glèidheadh tric bidh an còmhnaidh lethbhreac ùr de ur fiosrachadh sàbhailte. Cuidichidh seo sibh tilleadh nas luaithe ma thèid ur fiosrachadh a chall neo a ghoid.

’S urrainnibh cuideachd glèidheadh fèin-obrachail a thionndadh air. Sàbhalaidh seo gu tric ur fiosrachadh gu stòras air-loidhne gun fheum agaibhse cuimhneachadh.

Ma ghlèidheas sibh fiosrachadh air bioran USB neo clàr-cruaidh iomallach, bheir e a-mach às a’ choimpiutar nuair nach eil glèidheadh a’ dol.





An robh fios agaibh?

Bu chòir an còmhnaidh dàta a ghlèidheadh mus ùraich sibh ur n-inneal.

Tha seo air sgàth ’s gun urrainn ùrachaidhean uaireannan foidhlean atharrachadh neo a thoirt air falbh.

Mar a thionndaidheas sibh air glèidheadh fèin-obrachail

Mar a thionndaidheas sibh air glèidheadh fèin-obrachail son:

-  Apple – Mac.
-  Apple - iPhone agus iPad.
-  Android.
-  Microsoft Windows 10 agus Windows 8 OneDrive.

Comhairle air glèidheadh son luchd-malairt aonair is gnothachasan beaga

Le bhith a’ glèidheadh ur dàta ’s urrainn ur gnothachas fhathast obrachadh ma thachair tachartas sìobair.

Anns a’ chiad dol a-mach, aithnich dè an dàta as cudromaiche don ghnòthachas. B’ urrainn seo a bhith a thaobh ionmhais, cùmhnantan, neo fiosrachadh sholairean. Dèan cinnteach gun tèid a ghlèidheadh gu cunbhalach.

Bu chòir cuideachd fios a bhith agaibh mar a dh’ath-stèidhicheas sibh lethbhreac-glèidhidh nan tachaireadh call dàta.

Son tuilleadh fiosrachaidh, faic ar lùl Ghnothachasan Beaga.

Barrachd mholaidhean gus a bhith sàbhailte air-loidhne

Phishing: Mar a leigeas sibh fios don NCSC.

Faic mar a bhios sibh ag aithris teachdaireachd phishing don NCSC a' cleachdadh na Seirbheis Aithris Phuist-d Amharasaich (SERS).

A' ceannachd air-loidhne gu tèarainte

Cuidichidh ar stiùireadh sibh làraich-lìn meallta a sheachnadh is rudan a cheannachd gu sàbhailte.

[CRÌOCH NA PRÌOMH SGRÌOBHAINN - PÀIPEAR-TAICE GU H-ÌOSAL]



www.cyberscotland.com

